

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



**\*Please scroll down for English Version\***

**17/06/11**

**\*Embargo: Midnight Sunday 19th June 2011\***

## **BÒRD NA GÀIDHLIG A' COINNEACHADH AN LEÒDHAS**

Bidh Bòrd na Gàidhlig, am prìomh bhuidheann an urra ri brosnachadh agus leasachadh Gàidhlig, a bharrachd air a bhith a' toirt comhairle do Mhinistearan Pàrlamaid na h-Alba, a' cumail an Coinneamh Bùird ann an Steòrnabhagh an t-seachdain-sa, agus a' brosnachadh am poball gus com-pàirt a ghabhail leotha le bhith ag innse dè bu mhath leotha a bhith a' nochdadh anns an ath Phlana Nàiseanta.

Bidh am Bòrd a' coinneachadh ann an Seòmar Comhairle nan Eilean Siar. Sa bhliadhna a chaidh seachd tha Bòrd na Gàidhlig air taic-airgid a thoirt do chòrr air 300 pròiseact coimhearsnachd air feadh Alba agus leanaidh leasachadh adhartachadh agus taic a chur ri iomairtean coimhearsnachd aig cridhe obair a Bhùird.

Feadh an dà làtha a bhios iad air an eilean coinnichidh am Bòrd le buill Fòram Gàidhlig nan Eilean Siar, Comaitaidh Gàidhlig na Comhairle agus riochdairean coimhearsnachd.

Tha Achd an Gàidhlig (Alba) 2005 a' cur dleasdanas reachdail air Bòrd na Gàidhlig Plana Nàiseanta Gàidhlig ullachadh a h-uile coig bliadhna as leth Pàrlamaid na h-Alba. Bidh am Bòrd a' beachdachadh air a' Phlana fhads a tha iad a' coinneachadh an Steòrnabhagh, agus thèid dreach fhoillseachadh san Fhoghar le ùine co-chomhairle phoblach fad trì mìosan an dèidh sin. Tha am Bòrd dealasach gus daoine a bhrosnachadh gu bhith conaltradh leotha tro dhuilleig a' Bhùird air Facebook, no le bhith a' cur p-dealain thuca aig [plana@gaidhlig.org.uk](mailto:plana@gaidhlig.org.uk). Bu mhath le Buill measgachadh bheachdan fhaighinn fhads a tha iad a dealbh plana airson am-ri-teachd sheasmhach do Ghàidhlig an Alba.

Thuir Cathraiche a' Bhùird Art MacCarraig: “Thairis air an dà bhliadhna gu leth a chaidh seachd tha am Bòrd air a bhith a' coinneachadh ann an diofar choimhearsnachdan. Anmoch an 2009 choinnich sin an Uibhist far an do thadhail sinn air diofar choimhearsnachdan a bha an sàs ann an obair Ghàidhlig agus tha sinn air leth toilichte a bhith an Steòrnabhagh an

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



turas seo. Bheir seo dhuinn deagh chothrom coinneachadh le daoine agus le buidhnean a tha an sàs an iomadach pròiseact an Leòdhas a tha air taic-airgid fhaighinn bhon Bhòrd.”

## DEIREADH

**Notaichean: 'S ann airson buill a' Bhùird agus luchd-obrach a-mhàin a tha coinneamh a' Bhùird. Airson tuilleadh fiosrachadh curibh fios gu Steven MacIomhair, Oifigear Conaltraidh & Corporra, aig [steven@gaidhlig.org.uk](mailto:steven@gaidhlig.org.uk) air neo 01463 225 454 / 07557 481 081**

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



## **BÒRD NA GÀIDHLIG MEETS IN LEWIS**

Bòrd na Gàidhlig, the principal body responsible for the promotion and development of Gaelic, including advising Scottish Government Ministers, will hold its Board meeting in Stornoway this week, as it encourages members of the public to engage with the organisation on what they would like to see in a new National Plan for Gaelic.

The Bòrd will meet in the Council Chambers at the *Comhairle nan Eilean Siar*. In the last year the Bòrd has assisted over 300 community projects throughout Scotland and are dedicated to further develop & support community initiatives. During their two days on the island the Bòrd will meet with members of the Western Isles Gaelic Forum, the Council's Gaelic Committee, and community representatives.

The Gaelic Language (Scotland) Act 2005 sets a statutory obligation on Bòrd na Gàidhlig to prepare a National Plan for Gaelic every five years on behalf of the Scottish Government. The Bòrd will discuss the new Plan when they meet in Stornoway, a draft of which will be launched this Autumn followed by a three month period of public consultation. The Bòrd is keen to encourage members of the public to enter into dialogue with them through the Bòrd's page on Facebook, or by e-mailing them at [plana@gaidhlig.org.uk](mailto:plana@gaidhlig.org.uk). Members are keen to get a variety of opinions as they develop a plan for a sustainable future for Gaelic in Scotland.

Bòrd Cathraiche, (Chair) Arthur Cormack said: "Over the past two and half years Bòrd na Gàidhlig has been meeting in various communities. Late in 2009 we met in Uist where we visited various groups involved in Gaelic work, and we are delighted to be in Stornoway this time round. This will give us a good opportunity to meet with some of the individuals and groups involved in a whole range of community projects that the Bòrd has helped fund in Lewis."

**Ends**

**Note for Editors: Please note that the Bòrd meeting is for Bòrd members and staff only. For further information on the contents of this news release and any other enquiries relating to the Bòrd meeting, please contact Steven MacIver, Communications and Corporate Affairs Officer, at [steven@gaidhlig.org.uk](mailto:steven@gaidhlig.org.uk) or 01463 225 454 / 07557 481 081.**